

Cuairt-litir a' Chomuinn Ghàidhealaich | An Comunn Gàidhealach Newsletter

Teachdaireachd bho Dànaidh MacRath

Le làithean dorcha a' gheamhraidh a-nis air ar cùlaibh, bidh na casan againn a' fas nas aotruime agus faodaidh sinn coimhead air adhart ri barrachd ùine a chaitheamh a-muigh. Tha obair a' Chomuinn Ghàidhealaich cuideachd a' fas nas trang mun àm seo. Bidh mòran a' dol thairis air na sia mìosan a tha romhainn le na Mòdan Ionadail ann an 18 diofar sgìrean agus bheir sin sinn suas chun fhèis Ghàidhlig as mothà, am Mòd Nàiseanta Rìoghail, a thèid a chumail san Dàmhair.

Tha mòran an lùib obair na Mòdan, aig ère ionadail agus nàiseanta, nam measg bidh farpaisich, neach-teagaisg, luchd-eisteachd, britheamhan, comataidhean agus iomadach neach a bhios a' cuideachadh gu saor-thoileach. Tha a h-uile càil a tha seo a' tachairt fo bhratach a' Chomuinn Ghàidhealaich agus bu chòrr dhuinn a bhith pròiseil den bhuaidh a th' aig a' bhuidheann air a' Ghàidhlig leis an ùidh a tha e a togail am measg dhaoine agus an àireamh de dhaoine a bhios a' gabhail pàirt agus a' toirt a' chànan gu aire a' mhòr-shluagh air feadh an t-saoghal thairis air seachdain a' Mhòid Nàiseanta Rìoghail leis na h-uidhir de dhòighean a thathas ri chleachdadh anns na meadhanan anns an latha an diugh.

'S e aon de na duilgheadasan is mothà dhan Ghàidhlig aig an àm seo, cho duilich agus a tha e dha luchd-ionnsachaidh a bhith a faighinn cothrom airson a bhith a' cleachdadadh an cànan gu làitheil a-muigh anns a' choimhеarsnachd. Tha e deatamach gum feuch neach-labhairt na cànan a h-uile càil is urrainn dhuinn a dhèanamh airson taic a thoirt dhaibh.

Bu chòrr dhuinn a bhith fialaidh leis an gibht a th' againn le cànan na Gàidhlig agus cha bu chòrr dhuinn a cumail againn fhèin!

Tapadh leibh airson bh' ur taic.

Dànaidh MacRath, Cathraiche Comataidh a' Mhòid

A Message from Danny MacRae

As we move out of the dark and dreary winter months our steps will hopefully get lighter and our thoughts will move to more active pursuits. Co-incidentally, An Comunn Gàidhealach also enters its busier period at this time. The next six months or so will see much local activity throughout the country with the local/provincial Mods in some 18 locations once again on the calendar leading up the the week long largest Gaelic festival, the Royal National Mod, in October.

The activities associated with the Mods, both local and national touch on the lives of many thousands of people from tutors, attendees, adjudicators, organising committees and volunteers. With all of this taking place under the auspices of An Comunn Gaidhealach we have to be very proud of the positive impact the body has on the Gaelic language by engaging the interest and participation of so many and drawing the language to a worldwide audience during the week of the Royal National Mod via the many media avenues now available.

One of the main challenges facing Gaelic at this time is the difficulty in learners having the opportunity to engage in the language on a day to day basis in the community and in this respect it is incumbent on all of us that can to assist in some small way to this end.

Let us be more generous with our gift of the Gaelic language and not keep it to ourselves!

Thank you for your support.

Danny MacRae, Mod Committee Chairman



Coinneamh Bhliadhnaill ACG

Chaidh coinneamh bhliadhnaill a' Chomuinn Ghàidhealaich a cumail air Dihaoine an 23mh den Mhàrt ann an Cùirt Eden, Inbhir Nis.

'B e Ailean Caimbeul, Ceann-suidhe a' Chomuinn Ghàidhealaich a bha stiùireadh gnothaichean. Thoisich Ailean le bhith cuimhneachadh air ar sàr charaid, Iain Macleòid, a chaochail aig toiseach na bliadhna. Mar a bhios fios agaibh, bha lain na stiùiriche agus na Cheann-suidhe air a' bhuidheann airson iomadach bliadhna agus tha sinn na ionndrainn gu mòr. Thug Ailean iomradh cuideachd air Dòmhnull Macleòid, Ilé agus Calum Mac a' Ghobhainn, an Òban, a chaochail bho chionn ghoirid.

Chaidheas tron chlàr-ama agus chaidh stiùirichean na buidhne a thaghadh. Chaidh fàilte a chur air Alasdair Barnett à Inbhir Nis (agus an t-Òban) agus air Dòmhnull Màrtainn à Steòrnabhagh (agus na Hearadh) chun a' Bhùird Stiùridh. Tha sinn an dòchas gun còrd e riutha a bhith mar phàirt den sgioba.

Nuair a bha na gnothaichean foirmeil seachad, thug Alison Brus, Oifigear a' Mhòid, seachad beagan iomradh air iomairt ùr air a bheil i ag obair an dràsta mar phàirt de Bliadhna h-Òigridh. Tha Alison a' coimhead ri Comataidh na h-Òigridh a thoirt ri chèile a bhios mar phàirt den Chomunn. Bha na bha aig Alison ri ràdh gu math inntinneach agus chaidh fàilte a chur air na h-oidhirpean a tha An Comunn Gàidhealach a' dèanamh gus òigridh fhaighinn an sàs anns a' bhuidheann. (Tha tuilleadh fiosrachadh mu dheidhinn an iomairt seo nas fhaide air adhart anns a' chuairt-litir).

Bha sinn toilichte gun robh riochdairean bho Comunn na Dràma còmhla rinn air an oidhche cuideachd. Thug iad seachad beachdan air ciamar a b' urrainn dhan dà bhuidheann a bhith ag obair còmhla gus dràma a leasachadh aig a' Mhòd Nàiseanta Rioghail.

Taing mhòr dhan a h-uile duine a bha an làthair agus a ghabh páirt anns na còmhraidean.

Tha sinn a-nise a' coimhead air adhart ri bhi ag ullachadh airson Mòd Nàiseanta Rioghail na bliadhna seo ann an Dùn Omhain agus ri bhith a' toirt taic dha Mòdan Ionadail na bliadhna seo.

Bhiodh sinn air leth thoilichte cluinntinn bhuuibh ma tha beachdan sam bith agaibh mu dheidhinn an obair a tha sinn a' dèanamh. 'S e ar hamas gum bidh sinn a' dèanamh nas urrainn dhuinn airson a' chànan phriseil againn a bhrosnachadh agus nì sinn ar dìcheall airson seo a choileanadh.

An Comunn Gàidhealach AGM

The Annual General Meeting of An Comunn Gàidhealach took place in Eden Court, Inverness on Friday 23rd March.

Allan Campbell, President of An Comunn Gàidhealach chaired the meeting. Before the meeting commenced, Allan paid tribute to John Macleod who passed away at the beginning of the year. As you will be aware, John had served many years as President and Director of the organisation. He was a great friend and he is sorely missed by us all. Allan also paid tribute to Donald Macleod, Islay and Calum Smith, Oban who also passed away recently.

The formal matters were then dealt with and the Directors of the organisation were appointed. Alisdair Barnett from Inverness (previously Oban) and Donald Martin from Stornoway (previously Harris) were welcomed onto the Board of Directors. We hope that they enjoy being a part of our team.

Once the official business was over, Alison Bruce, Mod Officer, gave a short account of a project on which she is currently working on as part of The Year of Young People. Alison is currently trying to recruit a Youth Committee which will come under the banner of An Comunn Gàidhealach. Alison provided an interesting account of what the project will entail and the efforts of An Comunn Gàidhealach to attract youngsters into the organisation was commended. (Further information on this project can be found later in this issue of the newsletter).

We were pleased that members of Comunn na Dràma had travelled to attend the AGM. They shared some suggestions on how they felt both organisations could work more closely together in order to develop drama at the Royal National Mod.

We would like to take this opportunity to thank everyone who attended the meeting and who contributed to the discussions in any way.

We now look forward to making preparations for this year's Royal National Mod in Dunoon and to supporting the various Provincial Mods which will take place across the country.

If you have any thoughts or suggestions regarding the work of the organisation, we would be delighted to hear from you. It is our aim to do all we can to promote our precious language and we will do all we can to achieve this.



An Comunn Gàidhealach ag ainmeachadh Bailtean airson Mòd Nàiseanta Rìoghail 2021 & 2022

Aig coinneamh bhliadhnaile a' Chomuinn, a chaidh a chumail air Dihaoine an 23mh den Mhàirt, chaidh fhoillseachadh gur ann am Peairt a bhios Mòd Nàiseanta Rìoghail 2021, 's gur ann am Pàislig a bhios Prìomh Fhèis na Gàidhlig ann an 2022.

Tillidh am Mòd gu Peairt airson a' chiad turas ann an seachd bliadhna deug. Bha am Mòd mu dheireadh ann am Pàislig ann an 2013.

Chaidh fhoillseachadh aig a' Mhòd an-uiridh gun tilleadh an Fhèis dhan dà bhaile, ach bha dàil ann a bhith ag innse gu mionaidheach cò am baile dhan deidheadh am Mòd cuin, mar thoireadh air tagradh Phàislig airson Prìomh Bhaile Chultarail na Rìoghachd Aonaichte ann an 2021.

Leis nach deach an là le Pàislig a thaobh an tagraidh sin, cho-dhùin Bòrd Stiùridh a' Chomuinn siostam phuingean a chleachdadh airson co-dhùnadh cò a shoirbhicheadh le Mòd 2021 fhaighinn, agus cò am baile dhan deidheadh an Fhèis ann an 2022.

Thuirt Iain Moireasdan, Àrd-Oifigear a' Chomuinn:
"Bha sinn ann an suidheachadh gu math àraig an-uiridh a thaobh cò a shoirbhicheadh le tagraidean airson Mòd Nàiseanta Rìoghail 2021 agus 2022. Bha na tagraidean bhon dà bhaile air leth math. Mar thoireadh air an sin, roghnaich sinn gum faigheadh an dà bhaile cothrom air a' Mhòd, Ach, cho-dhùin sinn cuideachd feitheamh ri naidheachd mu thagradh Phàislig airson Prìomh Bhaile Chultarail na Rìoghachd Aonaichte mus biodh taghadh ann a thaobh cò am baile a gheibheadh am Mòd agus cuin. Chaidh an dà bhaile a chur fo sgrùdadh gu math mionaidheach a-rithist, le siostam phuingean. Fhuair Peairt beagan a bharrachd chomharran, 's mar sin, 's ann an sin a bhios Mòd Nàiseanta Rìoghail 2021.

Tha sinn da-rìreabh a' dèanamh fiughair ri Mòd Pheairt; tha seachd bliadhna deug air a dhol seachad bho bha am Mòd anns a bhaile seo mu dheireadh. Tha dàimh làidir aig a' bhaile ri cultar nan Gàidheal. Aig a' cheart àm, chaidh Mòd Phàislig 2013 a mheas mar aon den fheadhainn bu shoirbheachail bho chionn beagan bhliadhnaichean. 'S e fior dheagh naidheachd a th' ann gu bheil am Mòd a' tilleadh do bhaile a tha air na h-uimhir a dhèanamh a thaobh brosnachadh na Gàidhlig bho chionn ghoirid.

Tòisichidh Mòd Nàiseanta Rìoghail 2018 air an 12mh den Dàmhair, chun 20mh den Dàmhair ann a Dùn Omhain, a' comharrachadh agus a' brosnachadh cànan agus cultar nan Gàidheal; eadar litreachas na Gàidhlig, ceòl, seinn agus ealain, le farpaisean do gach aois agus comas.

Thuirt an Comhairliche Murray Lyle, Ceannard Chomhairle Pheairt agus Cheann Rois;

"Tha mi air mo dhòigh glan gu bheil am Mòd Nàiseanta Rìoghail a' tilleadh gu Peairt ann an 2021. 'S e cothrom air leth

a tha seo airson ìomhaigh na Gàidhlig a thogail agus airson cultar agus dualchas ar sgìre a chur mu choinneamh an t-sluagh. Tha sinn air bhioran cothrom fhaighinn Prìomh Fhèis na Gàidhlig a chumail, gu sònraichte aig àm nuair a thathas a' cur luach cho mòr air cultar, le bhith a' cumail taic ri Taigh-Cluiche Pheairt agus ann a bhith ag ath-bheothachadh Talla Bhaile Pheairt. Cha bheag cliù Pheairt is Cheann Rois a thaobh tachartasan aig fior àrd-ìre gu h-eadar-nàiseanta. Chan eil teagamh nach toir priomh fhèis na Gàidhlig spionnadh air leth dhan bhaile agus dha eaconamaidh na sgìre.

Thuirt Probaist Siòrrachd Rinn Friù, Iar-Chathraiche Comataidh Ionadail a' Mhòid:

"Tha sinn toilichte dha-rìribh gun tig am Mòd Nàiseanta Rìoghail air ais a Phàislig ann an 2022. Tha muinntir Phàislig glè aithnichte mar 'Buddies' - 's bidh fàilte bhlàth air Gàidheil bho air feadh Alba is fad is farsaing.

Nuir a chaidh am Mòd a chumail ann am Pàislig ann an 2013 airson a' chiad turas-b' e an dàrna Mòd a bu mhotha ann an eachdraidh an tachartais, le mu 8,000 duine ann thairis air naoi latha, buaidh eaconamach de £1.4m dhan sgìre, 's bha an t-àite air bhoil.

Thog tagradh Phàislig, ann am farpais 'Baile Chultarail na Rìoghachd Aonaichte 2021' ìomhaigh na sgìre mar bhaile tarraingeach an Alba. 'S e tha fainear dhuinn a-nise, togail air soirbheachas na sgìre a thaobh tachartasan mòra, 's bidh am Mòd an teis meadhain sin nuair a thilleas e.



Dealbhan bho Mòd Nàiseanta Rìoghail 2004 ann am Peairt, le William Thornton Photography

An Comunn Gàidhealach Announce Royal National Mod 2021 and 2022 Host Cities

At the recent AGM which took place on Friday 23 March, An Comunn Gàidhealach announced that Perth will host the Royal National Mòd in 2021, with the event going to Paisley in 2022. Scotland's biggest Gaelic cultural festival returns to Perth for the first time since 2004, whilst Paisley first hosted the event in 2013.

Paisley and Perth were announced as the two host cities for 2021 and 2022 at last year's Royal National Mòd, however it was decided to delay choosing which city would host which year, whilst Paisley awaited the result of its application for the UK City of Culture 2021.

With Paisley missing out on the bid, the Board of Directors of An Comunn Gàidhealach then used a point scoring system to mark the entries from both cities. The application which drew more points would host 2021, whilst the other would host 2022.

John Morrison, Chief Executive of An Comunn Gàidhealach said: "We were in a unique position last year as to who would host the 2021 and 2022 Royal National Mòds. Both applications were extremely impressive, so the decision was made that each would become a host city, however we would wait until the City of Culture announcement had been made before choosing which city would host which year. Both applications were put through a rigorous point scoring system by our board members, with Perth marginally receiving more points, meaning the 2021 Mòd would be held there."

We very much look forward to returning to Perth for the first time in 17 years, particularly with such a strong Gaelic heritage in the area. Paisley's 2013 Royal National Mòd was widely perceived as one of the best in recent years by Mòd regulars, staff and competitors, so to be returning to the city for a second time will be fantastic.

The Royal National Mòd 2018 begins on October 12 in Dunoon, running through to October 20, celebrating the best of Gaelic literature, music, singing, language and the arts, with competitions for all ages and abilities.

Councillor Murray Lyle, Leader of Perth & Kinross Council, said: "I'm delighted to learn the Royal National Mòd will return to Perth in 2021. This is a fantastic opportunity to bring Gaelic to the forefront and showcase our area's Gaelic culture and heritage. We are tremendously excited and inspired by the opportunity to host one of Scotland's most iconic events, at a time when we are investing in culture by supporting venues such as Perth Theatre and the rebirth of City Hall. Perth and Kinross has a great record of delivering world-class events, and this premier festival of Gaelic culture will bring a real 'buzz' to the city and a welcome boost to the local economy."

Renfrewshire's Provost Lorraine Cameron - vice-chair of the local organising committee, said:

"We are delighted the Royal National Mòd is coming back to Paisley in 2022. Paisley people are known as Buddies for a reason

- a warm welcome for Gaels from across Scotland and beyond is guaranteed.

"The event's one previous visit to Paisley - in 2013 - was the second-largest in its history, with 8,000 people over nine days, a £1.4m economic impact for the area, and a tremendous festival atmosphere around the town.

"Paisley's bid to be UK City of Culture 2021 raised our profile as a key destination within Scotland. One of the ways we will build on that is by growing our already-successful events and festivals programme over the next few years - and the return of the Mòd will be a key date within that."



Photos from Royal National Mod 2013 in Paisley,
Graham Hood Photography.

Dòmhnull M. Macleòid, Ìle

Bha sinn duilich cluinnntinn mu bhàs Dhòmhnull M. Macleòid, à Ìle na bu tràithe air a' mhìos seo aig aois 91. 'S ann à Port na h-Abhainne ann an Ìle a bha Dòmhnull.

Choisinn Dòmhnull bonn òir a' Chomuinn ann an 1952 aig Mòd Bhaile Bhòid. 'S e sàr sheinneadair Gàidhlig a bh'ann. Thòisich e a' seinn nuair a bha e còig bliadhna a dh'aois. Bhiodh e a' seinn aig cèilidhean is cuirmean-ciùil air feadh na dùthcha agus chluinnear tric e air prògraman rèidio.

Choisinn e duais Scottish Traditional Music Hall of Fame ann an 2011 airson na rinn e na bheatha airson seinn agus òrain Ghàidhlig.

Tha sinn a' cuimhneachadh air a theaghach agus a charaidean aig an àm dhuilich seo.

Calum Iain Mac a' Ghobhainn, an Òban

Chaill sinn cuideachd caraid eile bho chionn beagan làithean, Calum I. Mac a' Ghobhainn as an Òban, aig aois 71. Rugadh Calum ann an Liùrbost, Leòdhlas ach chur e seachad a' mhòr-chuid de bheatha san Òban. 'S e tidsear a bh' ann, ann an Àrd Sgoil an Òban gus an do leig e dheth a dhreuchd.

Bha Calum agus a bhean, Morag, gu math taiceil dhan Mhòd Nàiseanta agus am Mòd Ionadail ann an sgìre an Òban agus thug iad seachad iomadach uair a thìde a' toirt an taic gu saor-thoileach.

Tha sinn a' cuimhneachadh air Morag agus an teaghach aig an àm dhuilich seo.

Laura Jane Rintoul, Peart

Thàinig an naidheachd gun chaochail Laura Jane Rintoul aig an deireadh sheachdain.

Bha sinn uile eòlach air Laura Jane bho na Mòdan—aig ìre ionadail agus nàiseanta. Bha i gu mòr an sàs ann am Mòd Ionadail Shruighlea agus choisinn i duais Jean C Ghreamach an-uirdh, airson an sàr-obair a bha i air a dhèanamh airson Mòd Shruighlea thairis air na bliadhnaichean. Bha Laura Jane glan air a dòigh nuair a fhuair i an duais seo agus cha robh dùil aice ris idir.

Tha sinn a' cuimhneachadh air an teaghach agus na caraidean aig Laura Jane cuideachd.

Donald M. Macleod, Islay

We were saddened to learn of the passing of Donald M. Macleod earlier this month, at the age of 91. He was from Portnahaven in Islay.

Donald won the An Comunn Gàidhealach Gold Medal in 1952 at the Mod in Rothesay. He was a fantastic Gaelic singer. He started singing at the age of 5. A popular singer, he used to sing at ceilidhs and concerts across the country and his wonderful singing voice was, and is, regularly heard on various radio programmes.

He was inducted into the Scottish Traditional Music Hall of Fame in 2011 for his contribution to Gaelic song over the years.

We remember his family and friends at this sad time.

Calum Iain Smith, Oban

We also lost another friend recently, Calum Iain Smith from Oban who passed away at the age of 71. Calum was born in Leurbost on the Isle of Lewis but spent most of his life in Oban. He was a teacher in Oban High School until he retired.

Calum and his wife, Morag, were very supportive of the National and Provincial Mods in Oban and gave much of their time volunteering and supporting the Mods.

We remember Morag and family at this difficult time.

Laura Jane Rintoul, Perth

We also received sad news earlier this week that Laura Jane Rintoul, Perth had passed away suddenly.

We all knew Laura Jane from the Mods, both at National and Local level. She was particularly involved in the Stirling Provincial Mod. Last year, she was awarded the Jean C Graham award for her services to the Stirling Mod over the years. Laura Jane was delighted to receive this award and it was most unexpected.

We extend our sympathies to Laura Jane's family and friends at this time.



Seribheis Ghàidhlig mar Chuimhneachain air Iain Macleòid

Thèid seirbheis Ghàidhlig a chumail ann an Eaglais Shaor Chaluim Cille, Johnston Terrace, Dhùn Èideann air Disathairne an 26mh den Chèitean aig 2f.

Tha fàilte oirbh uile a thiginn ann.

Bha Iain gu math measail air a bhith a' cur a-mach na loidhne aig seirbheisean Gàidhlig. Bhiodh e fhèin agus a bhean, Christine a' frithealadh na seirbhisean Gàidhlig an Dùn Èideann gach mìos, far am biodh e a' cur a-mach nan loidhne cuideachd.

Bhiodh Iain cuideachd a' gabhail pàirt ann am farpaisean seinn Sailm aig a' Mhòd agus choisinn e a' chiad duais aig Mòd Nàiseanta Rìoghail 2017 ann an Loch Abar.

'S e deagh chothrom a tha seo airson cuimhneachadh air Iain agus tha theaghlaich a' cuir fàilte chridheil oirbh uile a thiginn ann.

Gaelic Service in Memory of John Macleod

A Gaelic service will be held memory of John Macleod in St Columba's Free Church, Johnston Terrace, Edinburgh EH1 2PW on Saturday 26th May at 2pm.

All are welcome to attend.

Iain had a special place in his heart for Gaelic Psalm Precenting. He attended and presented at the Gaelic services in Edinburgh each month with his wife Christine.

Iain would often take part in Gaelic Psalm Precenting competition at the Mods and won the Precenting competition at the Royal National Mod in Lochaber in 2017.

This is a fitting way to remember John and all are welcome to attend and enjoy the service.





Mòdan ri Teachd

Future Royal National Mod Dates

Dùn Omhainn – 12-20 Dàmhair 2018

Glaschu – 11-19 Dàmhair 2019

Inbhir Nis - 9-17 Dàmhair 2020

Mòd 2021- 8 -16 Dàmhair 2021

Mòd 2022 - Ri dhearbhadh—thèid na cinn-latha a sgaoileadh a dh' aithghearr

To be confirmed—the dates will be announced soon

Cumaibh sùil air làrach-lìn a' Chomuinn agus na meadhanan sòisealta againn!

Keep an eye on our website and social media pages for regular updates!

Cinn-latha iarrtasan a' Mhòid:

Tron phost:
31 Cèitean 2018

Pìosan fèin-thaghte tron phost:
31 Cèitean 2018

Air-loidhne:
Diluain 2 Iuchar 2018

Pìosan fèin-thaghte air-loidhne:
Diluain 2 Iuchar 2018

Mòd entry deadlines:

Entry by post:
31 May 2018

Own Choice Submissions by post:
31 May 2018

Online Entries:
Monday 2 July 2018

Online Own Choice Submissions:
Monday 2 July 2018

www.ancomunn.co.uk



Duaisean a' Mhòd Nàiseanta Rìoghail

Mur a bheil sibh bh' ur h-ainmean a chur air na duaisean a bhuannaich sibh an-uirdh, bu chòrr dhuibh seo a chur air dòigh anns na beagan mhìosan a tha romhainn.

Cosgaidh seo £12.50 airson gach duais aig an Trophy Centre, Inbhir Nis. Nuair a bhios na duaisean deiseil leis na h-ainmean orra, bheir luchd-obrach an Trophy Centre na duaisean a-null gu oifis a' Chomuinn Ghàidhealaich an Inbhir Nis—abair seirbhis!

Chìtear gu h-iosal gu bheil an Trophy Centre cuideachd a' tabhachd £10 fo prìs tiodhlacan sa' bhùth aca ma chosgas sibh £30! Ma tha sibh airson bruidhinn riutha a thaobh na duaisean agaibh, cuiribh fios thuca:

01463 238 495

www.invertrophy.com

Royal National Mod Trophies

If you have not yet had your trophies engraved you should look to getting this done over the next few months.

Engraving will cost £12.50 at the Inverness Trophy Centre. Once engraving has been completed, the wonderful staff at The Trophy Centre staff will arrange for the trophies to be returned to the An Comunn Gàidhealach office in Inverness themselves.

You will also see below a voucher which the Trophy Centre are currently offering. This voucher provides a £10 discount on jewellery and gifts if you spend £30 or more! If you wish to speak to them regarding the engraving of your trophies, give them a call on the number below and they will be more than happy to help:

01463 238 495

www.invertrophy.com



Camanachd a' Mhòid

Chaidh gèam Cupa Camanachd a' Mhòid a chur dheth san Dàmhair air sgàth an aimsir. Le sin, chaidh an ceann-latha atharrachadh gu Disathairne 24mh den Mhàrt, aig an Àird, sa' Ghearsadan.

'B e sgiobaidhean a' Ghearsadan agus Cille Mhàilidh a bha cluiche airson Cupa a' Mhòid. 'S e geama league a bha seo cuideachd, mar phàirt de Roinn Nàiseanta Marine Harvest. 'B e sgioba Chille Mhàilidh a' choisinn an duais 3-2. Chaidh an cupa a thoirt seachad le Dànaidh MhicRath as leth a' Chomuinn Ghàidhealaich. Meal an naidheachd orra!

Mod Shinty Cup

The Mod Shinty Cup game, which was due to take place in October during Mod week, was postponed due to bad weather. The game was rescheduled to Saturday 24th March at An Aird, Fort William.

Fort William faced Kilmallie for the Mod Cup. This was also a league game, part of the Marine Harvest National Division. Kilmallie were triumphant in the end, winning 3-2. The Mod Cup was presented to Kilmallie Shinty Club by Danny MacRae on behalf of An Comunn Gàidhealach. Congratulations to the club!



Bheil sibh air Measadh Gàidhlig a chuir air dòigh fhathast?

Cuimhnichibh: Tha agaibh ri Measadh a dhèanamh ro ceann-latha iarrtasan a' Mhòid

Have you arranged to sit your Gaelic Assessment yet?

Remember: Assessments must be sat before the Mòd entry deadline

Ceann-latha airson Cairtean Gàidhlig Mòd 2018

Bithibh mothachail gum feumar Measadh a dhèanamh ro cheann-latha iarrtas a' Mhòid.

Ma tha sibh airson latha measaидh a chur air dòigh no ma tha ceist sam bith agaibh a thaobh na measaidhean, cuiribh fios gu Seonag Anderson: seonag@ancomunn.co.uk no cuiribh fòn gu 01463 709 705.

Deadline for Mòd 2018 Gaelic Assessment Cards

Please note that all competitors requiring Gaelic Assessment will have to gain their card before the Mod entry deadline.

If you are not sure if you need a Gaelic Assessment and would like to book a slot, or have any other questions regarding Gaelic Assessments, please contact Seonag Anderson at seonag@ancomunn.co.uk or phone 01463 709 705.

Pìosan Ainnichte Mòd 2018

Gheibhear air pìosan ainnichte Mòd 2018 a cheannach [an seo](#).

Tha leabhraichean agus CDs nam pìosan ainnichte cuideachd ri cheannach bho na h-ofisean againn ann an Inbhir Nis agus Steòrnabhagh.

Mòd 2018 Music

Prescribed Pieces for Mòd 2018 are available to download [here](#).

Alternatively you can buy the music books and CDs from our offices in Inverness and Stornoway.

Aigeallan Airgid 2018

Feumaidh farpaisich ann an A252 (Mnathan) agus A253 (Fireannaich) òran a thaghadh a tha leantainn air cuspair sònraichte.

Airson 2018 's e 'tàladh' cuspair an òran do dh'fharpaisich ann an A252 (Mnathan) agus 's e 'òran-seilge' cuspair an òran do dh'fharpaisich ann an A253 (Fir).

Silver pendant qualifying 2018

Competitors in A252 (Ladies) and A253 (Men) must choose a song which follows a theme which is specified annually.

For 2018, the theme for A252 (Ladies) is 'lullaby' and for A253 (Men) 'hunting song'

FARPAISEAN LITREACHAS NA H-ÓIGRIDH

Nach cuir sibh a-steach airson aon de na farpaisean a leanas airson cothrom duais a bhuanachadh dhuibh fhèin agus dhan Sgoil agaibh!


Sgriobh sgeulachd ghoirid, pìos bàrdachd no cunntas-naidheachd ann an Gàidhlig

Deasaich taobh-duilleag ealain le faclan Gàidhlig

Deasaich prògram rèidio no film goirid ann an Gàidhlig

Tuilleadh: marina@ancomunn.co.uk





FARPAISEAN LITREACHAS

Rosg neo-fhicsean

Sgeulachd Ghoirid

Bàrdachd

Dealbh-chluich ùr

Òran Ùr

Artaigil

Airson tuilleadh fiosrachadh, curibh fios gu
Marina NicAoidh aig **marina@ancomunn.co.uk.**

www.ancomunn.co.uk





Bithibh mothachail gu bheil sinn air atharrachaidhean a dhèanamh air na farpaisean a leanas airson
Mòd Nàiseanta Rìoghail 2018.

Please be aware of amendments to the following competitions for this year's Royal National Mod.

C53 – Literary ages 9-10 Open - Write a short story, poem or news article on a topic of your own choice.

C53A – Literary ages 11-12 Open - Write a short story, poem or news article on a topic of your own choice.

C153 – Literary ages 16-18 Open – Write a short story, poem or news article on a topic of your own choice.

Farpais C01 - Radio programme – **Open** – Prepare a radio programme not exceeding 10 minutes duration on the topic of **"Bliadhna na h-Òigridh"**. Entries can be submitted via **soundfile or cd**. If you are interested in a career in radio, this could be the perfect opportunity to gain some experience and get some feedback.

Farpais C02 – Short Film / Vlog – Open – Prepare a short film / vlog not exceeding 10 minutes duration on the topic of **"Bliadhna na h-Òigridh"**. Entries can be submitted via **youtube link or dvd**. If you are looking to get involved in Gaelic media, why not share some of your creative ideas by entering this competition.

C180 (U19) - Sing waulking songs of own choice. Any number of songs may be sung, which may, but not necessarily, include an 'òran basaidh', within a time limit of 10 minutes. Groups must consist of at least 7 persons with one or more soloists, if preferred. The singing will be in unison. Any variations to unison singing should be strictly in accordance with traditional local approaches to the singing of waulking songs. Spoken input as part of the performance or preceding the singing of another song is also at the discretion of the group.

A278 - Sing waulking songs of own choice. Any number of songs may be sung, which may, but not necessarily, include an 'òran basaidh', within a time limit of 10 minutes. Groups must consist of at least 7 persons with one or more soloists, if preferred. The singing will be in unison. Any variations to unison singing should be strictly in accordance with traditional local approaches to the singing of waulking songs. Spoken input as part of the performance or preceding the singing of another song is also at the discretion of the group.

Open (Fluent & Learners)

For Mod 2018, the themes for both A204 & A205 will be "Eilthireachd" (Emigration).

A204

Reading Poetry

Reading of a poem based on a specified theme, competitors own choice. An introduction to the chosen piece should be given before reading.

A205

Reading Prose

Reading of a passage of prose based on a specified theme, competitors own choice. An introduction to the chosen piece should be given before reading.

The aggregate winner of the above competitions will be awarded the Glasgow Skye Association Gold Medal and is only eligible to win this once.

The Cardonald Highlanders Cup will be awarded to the most promising learner.



Mòd Nàiseanta Rìoghail

Royal National Mod

Atharrachaidhean | Amendments

Chithear atharrachaidhean ri Earrainnean na bliadhna seò gu h-iosal. Cumaibh sùil air an làrach-lìn againn gun fhios nach bidh fiosrachadh eile ann a thaobh na h-earrainnean ainmichte.

You can view changes and amendments to this year's prescribed pieces below. Keep an eye on our website for any further information regarding the prescribed pieces.

A305 Gheibhinn Cadal Math

Alto – Bar 17 – iomadh should be aomadh

Sop 1 bar 42, Sop 2 bar 43, Alto bar 44 – earras maoin should be earras 's maoin

Bar 12 - Alto line 2nd beat should be a single 'G' as it is in bar 36.

A306 – Siud mar chaidh an càl a' dholaidh

Bar 16 & 32 – delete final soprano notes in these bars

Bar 18 – tenors to sing same rhythm as ladies

Bar 53 – Alto line to be sung the same as bar 49

Bar 55 – Alto 'bhata' to be sung as two crotchets

A308 -A chaile dhubb a' sgulair

The word 'Sgùlair' should actually be written as 'Sgulair' but it shouldn't affect the musical rhythm of the word.



For any further information on the above changes, please contact the
Music Committee Administrator:

mairi@ancomunn.co.uk



COMATAIDH NA H-ÒIGRIDH

Bheil sibh 16-26 bliadhna a dh' aois le ùidh ann an cànan is cultar na Gàidhlig?

Bheil sibh airson ur beachdan a thoirt air adhart?

Tha An Comunn Gàidhealach a' lorg 6 inbhich òg airson a bhith air Comataidh ùr: Comataidh na h-Òigridh. Leugaibh na leanas airson barrachd fhaighinn a-mach..

Cò tha sinn a' lorg?

Tha sinn a' lorg 6 inbhich òga eadar 16-26 bliadhna a dh'aois airson a bhith air a' Chomataidh ùr againn a tha gu bhith stèidhte mar phàirt de Bhliadhna na h-Òigridh 2018.

'S e deagh chothrom a tha seo airson a bhith air Comataidh Gàidhlig agus mar sin, feumaidh Gàidhlig a bhith agaibh aig èire air choireigin.

Chan eil e gu diofar mur bh 'eil sibh air a bhith air Comataidh ron a seo. Cho fad 's a tha sibh èasgaidh, deònach agus math air a bhith ag obair còmhla ri daoine eile, bheir sinn fhìn stiùireadh dhuibh.

Ma tha ùidh mhòr agaibh ann an cànan is cultar na Gàidhlig agus ma tha beachdan agaibh mu dheidhinn Mòd na bliadhna-sa, bhiodh sinn gu math toilichte cluinntinn bhuaibh.

Dè bhios sibh a' dèanamh?

Bidh an Comataidh a' coinneachadh air Skype 4 tursan (cinn-latha ri dearbhadh) suas chun a' Mhòd Nàiseanta Rìoghail, a thèid a chumail ann an Dhùn Omhain san Dàmhair.

Beachdachaидh an Comataidh agaibh air na tha sibhse airson fhaicinn a' tachairt aig a' Mhòd Nàiseanta Rìoghail. Gheibh sibh an cothrom mar bhuidheann a bhith an sàs ann an diofar phròiseactan suas gu àm a' Mhòd Nàiseanta Rìoghail.

Dè bhios mi faighinn bhon a' Chomataidh?

Cothrom Gàidhlig a chleachdadh agus a bhruidhinn
Cothrom diofar mòr a dhèanamh gus Gàidhlig a leasachadh
Cothrom sgilean ùr ionnsachadh
Cothrom daoine ùr a choinneachadh
Cothrom a bhith an sàs ann an aon de na fèisean Gàidhlig as mothà ann an Alba
Cothrom na beachdan agaibh a chur air adhart

Pròiseas tagraidh

Ma tha ùidh mhòr agaibh anns a' Mhòd Nàiseanta Rìoghail agus ma tha sibh airson ur beachdan a chur air adhart, nach lìon sibh a-mach an [foirm iarrtas](#) againn no cuir fios gu Alison Bruce aig alison@ancomunn.co.uk airson barrachd fiosrachadh.

Feumaidh na h-iarrtasan gu lèir a bhith air an tilleadh ro 2 Giblean, 12f.

Faodaidh sibh an t-iarrtas agaibh a thilleadh tro post-d gu alison@ancomunn.co.uk no tron phost:

FAO: Alison Bruce, An Comunn Gàidhealach, Unit 7A, 7 James Street, Stornoway, Isle of Lewis, HS1 2QN.



Are you aged 16-26 with a passion for Gaelic language and culture?

Do you want to have your voice heard?

We at An Comunn Gàidhealach are looking for 6 young adults to be a part of our exciting new Young Person's Committee. Interested? Read on to find out more..

Who are we looking for?

We are looking for 6 enthusiastic young adults aged 16-26 to be a part of our new Young Person's Committee that is being established as part of 2018's Year of Young People in Scotland.

This is an opportunity to be a part of a Gaelic-speaking Committee, so some degree of Gaelic language proficiency is required.

It does not matter if you have not been a member of a committee before. As long as you are organised, committed and able to work well in a team, we will give you any guidance that you need.

If you have a passion for Gaelic language and culture and have ideas that you think could contribute to The Royal National Mòd, we would love to hear from you.

What's involved?

The Committee will meet a total of 4 times (dates TBC) in the run up to the Royal National Mòd which will be held in Dunoon in October this year.

The Committee will discuss their views on what they would like to see at The Royal National Mòd and will be assigned a number of small projects to see through from start to finish as a team in the run-up to the Mòd.

What will I get from joining the Committee?

- Opportunity to use and speak Gaelic
- Opportunity to make a difference and contribute to the development of the Gaelic language
- Opportunity to learn valuable transferable skills
- Opportunity to meet new people
- Opportunity to be involved in organising one of Scotland's main Gaelic events of the year
- The opportunity to have your voice heard

How do I apply?

If you are passionate about Gaelic, The Royal National Mòd, and would like the opportunity for your voice to be heard, fill in the short application form linked below or get in touch with Alison Bruce on alison@ancomunn.co.uk for more information.

Application forms must be returned to one of the addresses below by Monday 2nd April, 12pm.

Application forms can be returned via email to Alison Bruce at alison@ancomunn.co.uk or through the post:

FAO: Alison Bruce, An Comunn Gàidhealach, Unit 7A, 7 James Street, Stornoway, Isle of Lewis, HS1 2QN.

COMATAIDH NA H-ÒIGRIDH

Fiosrachadh Pearsanta

Ainm			
Seòladh			
Còd-puist		Fòn/Fòn-làimhe	
Seòladh post-d			
Là-breith			

Sgillean Gàidhlig

Bheil sibh fileanta sa Ghàidhlig? (Cuiribh X ri taobh na freagairt a tha fior dhuibhse)

- Tha
 Chan eil (Tha mi ag ionnsachadh)

Cur-seachadan

Thoiribh dhuinn fiosrachadh mu chur-seachadan m.e:

Dè na sgilean a tha agaibh a bhios freagarrach airson a Chomataidh seo?

Bheil sibh air a bhith bh' ur ball air comataidh roimhe seo? (Cuiribh X ri taobh na freagairt a tha fior dhuibhse)

- Tha
 Chan eil

Ma tha, innisibh dhuinn dè an dreuchd anns an robh sibh (m.e. Cathraiche, rùnaire, ionmhasair msaa):



Thoiribh dhuinn geàrr-chunntas air na sgilean sònraichte agus teisteanasan a th' agaibh tron sgoil/cùrsa agaibh, an obair agaibh, dreuchdan saor-thoileach no cur-seachadan sam bith eile:

Innis dhuinn carson a tha sibh airson a bhith air a' Chomataidh seo:

Dearbhadh

Tha mi a' dearbhadh gu bheil, cho fad 's tha fios agam, am fiosrachadh a thug mi seachad an seo ceart.

Aimn	
Aimn-sgriobhte	
Ceann-latha	

Tapa leibh airson an iarrtas seo a chur a-steach agus airson an ùidh agaibh ann an Comataidh na h-Òigridh.

Cuiribh an t-iarrtas agaibh ann am post-d gu alison@ancomunn.co.uk no sa phost gu:

Alison Bruce
An Comunn Gàidhealach
Aonad 7A,
7 Sràid Sheumais,
Steòrnabhagh,
HS1 2QN

Fòn: 01851 703487

www.ancomunn.co.uk



C N O

COMATAIDH NA H-ÒIGRIDH

Contact Details

Name		
Address		
Post Code	Phone/Mobile	
E-mail address		
Date of Birth		

Gaelic Skills

Are you fluent in Gaelic? (Put X beside the answer that applies to you)

- Yes
 No (I am currently learning Gaelic)

Hobbies

Please tell us a bit about yourself:

What relevant skills do you have for this Committee?

Have you been a member of a Committee before? (Put X beside the answer that applies to you)

- Yes
 No

If yes, please tell us what role you held on the committee (ie Chairperson, secretary, treasurer etc):



Please give a summary of any special skills and qualifications you have acquired from school/university, employment, previous volunteer work, or through other activities, including hobbies or sports:

Please tell us why you would like to be on this committee:

Agreement

By submitting this application, I confirm that the facts set forth in it are true and complete.

Name (printed)	
Signature	
Date	

Thank you for completing this application form and for your interest in joining Comataidh na h-Òigridh.

Please send completed forms to Alison Bruce at alison@ancomunn.co.uk or through the post to:

Alison Bruce
An Comunn Gàidhealach
Unit 7A,
7 James Street,
Stornoway,
HS1 2QN

Phone: 01851 703487

www.ancomunn.co.uk





Mòdan Ionadail 2018

Provincial Mods 2018



Mòd Ionadail Lochabar

11 agus an 12 den Chèitean 2018.

moirarobertson15@gmail.com

Lochaber Provincial Mod

11 and 12 May 2018.

moirarobertson15@gmail.com

Mòd Ionadail Sgìre an Òbain

Dihaoine 1 agus Disathairne 2 den t-Ògmhios.

sometimezznoozie@hotmail.com

Oban Provincial Mod

Friday 1 and Saturday 2 June.

sometimezznoozie@hotmail.com

An t-Eilean Sgitheanach

30 Cèitean - 2 Ògmhios 2018

maireadnicolson@btinternet.com

Skye Provincial Mod

30 May - 2 June 2018

maireadnicolson@btinternet.com

Mòd na Hearadh

31 Cèitean - 1 Ògmhios 2018

Harris Provincial Mod

31 May - 1 June 2018

Mòd Ionadail Leòdhais

5mh - 8mh den t-Ògmhios 2018.

peigi@ancomunn.co.uk

Lewis Provincial Mod

5 - 8 of June 2018.

peigi@ancomunn.co.uk

Mòd Ionadail Cille Bharaghde an Ear

Dihaoine 1 agus Disathairne 2 den t-Ògmhios.

catmacdonald292@btinternet.com

East Kilbride Provincial Mod

Friday 1 and Saturday 2 June.

catmacdonald292@btinternet.com

Mòd Ionadail Sruighlea

Dihaoine 1 agus Disathairne 16 den t-Ògmhios.

modshruighlea@gmail.com

Stirling Provincial Mod

Friday 1 and Saturday 16 June.

modshruighlea@gmail.com

Mòd Ionadail Glaschu

Dihaoine 8 agus DSisathairne 9 den t-Ògmhios.

angelajenkins34@hotmail.com

Glasgow Provincial Mod

Friday 8 and Saturday 9 June.

angelajenkins34@hotmail.com



Mòdan Ionadail 2018

Provincial Mods 2018



Mòd Ionadail Ghallaibh is Chataibh

Disathairne 2 Ògmhios 2018
janette.mackay@tiscali.co.uk

Thèid Mòd na bliadhna seo a chumail anns am Blàdhran Odhar.

Caithness & Sutherland Provincial Mod

Saturday 2 June 2018
janette.mackay@tiscali.co.uk

This year's Mod will take place in Bettyhill.

Mòd Ionadail Obar Pheallaidh

8 & 9 Ògmhios 2018
pad.gaelicmod@gmail.com

Aberfeldy Provincial Mod

8 & 9 June 2018
pad.gaelicmod@gmail.com

Mòd Ionadail Àird nam Murchan

15 den t-Ògmhios 2018.
telden@btinternet.com

Ardnamurchan Provincial Mod

15 of June 2018.
telden@btinternet.com

Mòd Ionadail Inbhir Nis

15 & 16 den t-Ògmhios 2018
secretary@invernessprovincialmod.co.uk

Inverness Provincial Mod

15 & 16 of June 2018
secretary@invernessprovincialmod.co.uk

Mòd Ionadail Èile

Disathairne 23 den t-Ògmhios 2018
alisongrayislay@aol.co.uk

Islay Provincial Mod

Saturday 23 of June 2018
alisongrayislay@aol.co.uk

Mòd Ionadach na Dreòlluinn

7 agus an 8 den t-Sultain 2018
enquiries@mullmod.org.uk

Mull Provincial Mod

7 and 8 of September 2018
enquiries@mullmod.org.uk



An Comunn Gàidhealach

ORGANISERS OF THE ROYAL NATIONAL MÒD

Am Mòd Nàiseanta Rioghail | The Royal National Mod

2018 MÒD DHÙN OMHAINN
12-20 DÀMHAIR
DUNOON 12-20 OCTOBER

2019 MÒD GLASCHU
11-19 DÀMHAIR
GLASGOW 11-19 OCTOBER

2020 MÒD INBHIR NIS
9-17 DÀMHAIR
INVERNESS 9-17 OCTOBER

For Provincial Mòd dates and more go online:
www.ancomunn.co.uk

REGISTERED CHARITY NUMBER: SC001282



As dèidh an cèilidh sònraichte a bh' againn bho chionn ghoirid le Gunna Sound, tha Comataidh Ionadail Mòd Dhùn Omhain air leth thoilichte innse gun tèid an ath chèilidh a chumail air an 16mh den t-Ògmhios, le còmhlan cèilidh Beinn Lì, à Uibhist.

Thòisich an còmhlan ann an 2013 agus 's e blas traidiseanta bho taobh an iar Alba a th' anns a' cheòl aca. Tha na h-òrain Ghàidhlig agus ceòl a' phìoba a' toirt thugainn, ceòl gu math traidiseanta, ach tha ceòl agus òrain ùr na mheasg, le measgachadh de dh' òrain Gàidhlig, pop, dùthchasach is eile.

Tha cliù a' chòmhlain air fàs gu mòr, le ceòl agus òrain traidiseanta. Tha dùil aca a bhith gabhail pàirt ann an iomadach fèis thairis air a' bhliadhna seo, mar Bowfest agus Gig at the Gathering air an 24mh den Lùnastal.

Tha comataidh ionadail Mòd Dhùn Omhain a' lorg taic airson seachdain a' Mhòid. Ma tha ùidh agaibh agus ma tha sibh deònach bh' ur taic a thoirt gu saor-thoileach, nach tadhail sibh air an làrach lìn againn agus lìonaibh a-steach am foirm:

www.moddunoon.com

Mòran taing,
Comataidh Ionadail Mòd Dhùn Omhain 2018

Following a fantastic fund-raising ceilidh with Gunna Sound earlier this month, the Dunoon Mod Committee are absolutely delighted to announce that the next Dunoon Ceilidh on the 16th June will feature one of Scotland's top up and coming Ceilidh bands from Uist in the Outer Hebrides the six -piece band Beinn Lee Ceilidh Band.

Formed in 2013, the band are rooted in the west coast style of traditional music. The collective inheritance of Gaelic song and west coast pipe music provide a very strong traditional backbone to their music, but the music is infused with contemporary compositions, self-penned tunes, and a mix of songs from Gaelic to pop and country.

Currently gaining an awesome reputation for their West-coast music with traditional and contemporary tunes and songs the Beinn Lee ceilidh band will be appearing at many Music Festivals this year including Bowfest and the Gig at the Gathering 24th August at the Cowal Highland Gathering.

The local committee are looking for volunteers for Mod week. If you are available, please go on our web site and fill in the volunteer form: www.moddunoon.com

Mòran taing,
Dunoon Mod 2018 Local Organising Committee

Làrach-lìn Comataidh Ionadail Dhùn Omhain

Tha làrach-lìn Comataidh Ionadail a' Mhòid beò a-nis. Dèanaibh cinnteach gun tadhail sibh air airson fiosrachadh a thaobh Comataidh Ionadail a' Mhòid, tachartasan airson airgead a thogail, àitichean-fuirich agus cothroman saor-thoileach!

www.moddhunomhain.com

Cuideachd, tha duilleag Facebook aca- dèanamh cinnteach gu bheil sibh gan leantainn: <https://www.facebook.com/DunoonMod2018/>

Dunoon Local Committee Website

The Local Organising Committee's website is now up and running. Make sure to check it out for information about the LOC in Dunoon, fundraising events, accommodation and volunteering opportunities!

www.moddhunomhain.com


Also, give their Facebook page a like to keep up to date with the LOC's events and updates: <https://www.facebook.com/DunoonMod2018/>





Edinburgh International Harp Festival

30 March - 4 April 2018



Merchiston Castle School
EH13 OPU

www.harpfestival.co.uk

Bliadhna Mhòr dhan GG

Tha Ceòlraidh Ghàidhlig Għlaschu, no an GG mar as fheàrr a dh'aithnichear iad, a' comharrachadh an 125mh ceann-bliadhna am-bliadhna. 'S e bliadhna shònraichte a th' ann dha Coinneach MacThòmhais cuideachd agus e air a bhith anns a' chòisir 50 bliadhna, 35 dhiubh sin mar stiùiriche.

Ghabh an còisir chun àrd-ùrlar air Dihaoine 9mh Màrt airson cuirm-chiùil shònraichte ann an Eaglais Kelvinside Hillhead. Chòrd an oidhche gu mòr ris an luchd-amhairc agus ris a' chòisir fhèin. An oidhche às dèidh sin, chaidh dinnear fhoirmeil a chumail san Taigh-òsta Doubletree Hilton ann am meadhan baile Għlaschu. Bha e na adhbhar toileachais do bhuill na còisir gun robh uimhir de charaidean agus seann bhuill an làthair, an Ceann-suidhe Urramach Norman McConochie, a tha nise a' streap ri 95 bliadhna, nam measg. Ghabh Hamish Menzies deoch-slàinte na còisir. Tha Hamish na dhlùth charaid aig a' chòisir ach bha e cuideachd na neach-dùblain dhaibh uaireigin is e iomadach bliadhna na stiùiriche air Còisir Ghàidhlig Imbhir Pheofharain.

Thàinig Coinneach MacThòmhais dhan chòisir an toiseach nuair a dh'iarr an ceann-suidhe, Màrtainn MacAoidh air taic a thoirt dhaibh anns na beagan sheachdainean ron Mhòd Nàiseanta. "Chaidh mi ann, ach gu dearbha cha do smaoinich mi gun tionndaidheadh sia seachdainean nan leth-cheud bliadhna!" thuirt Coinneach.

Aig deireadh an Ògmhios tha an còisir a' falbh a sheinn aig fèis-chiùil ann an Salzburg. Thuirt Ceann-suidhe na còisir Alasdair MacIlleMhaoil, "Tha buill na còisir gu mòr a' coimhead air adhart ris an turas. Tha an fhèis ga cumail ann an àite mìorbaileach – am Mozarteum – agus 's bidh e sònraichte math a bhith a' seinn an salm French ann an Cathair-eaglais Salzburg. Ach, feumaidh mi aideachadh gu bheil sinn cuideachd a' dèanamh fiughair ri bhith a' dol air turas 'Sound of Music'. Obh, obh!"

GG Celebrate Milestones

The Glasgow Gaelic Musical Association, or as they are more widely known the GG, are celebrating their 125th anniversary this year. In addition, their conductor Kenneth Thomson is celebrating 50 years as a member of the GG and 35 years as its conductor.

The choir held its special anniversary concert on Friday 9th March in the wonderful surroundings of Kelvinside Hillhead Church in front of a large and appreciative audience. There was a black tie dinner the following evening in the Doubletree Hilton Hotel where the choir members were delighted to be joined by many friends and former members, including Honorary Life President Norman McConochie, now in his 95th year. The toast to the GG was proposed by the choir's long term adversary but also dear friend, Hamish Menzies, retired (and long serving) conductor of the Dingwall Gaelic Choir.

Kenneth Thomson joined the choir after being asked to help out by the then president, Martin MacKay, at the fast approaching national Mod. "I went along, never thinking that six weeks would extend to fifty years!" said Kenneth.

The choir is heading off to Salzburg at the end of June to sing at a Festival. Choir president Alasdair MacMillan said, "The choir members are very much looking forward to our trip. The festival venue is magnificent (Mozarteum 'Great Hall') and we will be singing the psalm French in Salzburg Cathedral which will be very special. But I have to say there is also great excitement at the 'Sound of Music' tour we have planned. Obh, obh!"



Credit: Martin Venherm Photographer

Am Plana Cànan Nàiseanta Gàidhlig airson 2018-2023 air fhoillseachadh

Bidh am Plana ri fhaotainn air làrach-lìn Bhòrd na Gàidhlig as dèidh 3f Diciadain 28mh Màrt aig <http://www.gaidhlig.scot/ga/bord/the-national-gaelic-language-plan/>

Chaidh am Plana Cànan Nàiseanta Gàidhlig ùr fhoillseachadh aig Pàrlamaid na h-Alba an-diugh (Diciadain 28 Màrt), Plana a tha a' sealltainn mar a thèid fàs a thoirt air a' Ghàidhlig aig ire nas luaithe ann an Alba.

'S e prìomh amas a' Phlana, gun tèid Gàidhlig a chleachdadhs trice, le barrachd dhaoine agus ann am barrachd shuidheachaidhean. Tha na prìomh theachdaireachdan, amasan, raointean leasachaidd agus geallaidhean ùra a chithear sa Phlana uile a' toirt taic don àrd-amas seo gum bi Gàidhlig air a cleachdadhs barrachd. Am measg prìomh theachdaireachdan is amasan a' Phlana tha:

Gum buin a' Ghàidhlig do dh'Alba air fad
A' cur deagh iomhaigh air adhart airson na Gàidhlig
A' toirt fàs air ionnsachadh na Gàidhlig; agus
A' toirt fàs air cleachdadhs na Gàidhlig

Thuirt Iain Swinney, an Leas Phrìomh Mhiniestear agus Rùnaire a' Chaibineit airson Foghlam is Sgilean, agus e a' cur fàilte air a' Phlana: "Tha e a' toirt toileachas mòr dhomh am Plana Cànan Nàiseanta Gàidhlig ùr seo fhoillseachadh a tha a' sealltainn mar a tha a' Ghàidhlig a' cur ri iomadh pàirt de bheatha muinntir na h-Alba ann an dòighean sònraichte agus cudromach. Tha e riatanach gum bi prìomh amasan aontaichte againn a tha soilleir agus gun cum sinn oirnn ag obair còmhla gus àrdachadh a thoirt air an àireamh dhaoine a tha a' bruidhinn, ag ionnsachadh agus a' cleachdadhs a' chàin. Bu mhath leam moladh a dhèanamh air an obair a rinn Bòrd na Gàidhlig le bhith ag ullachadh a' Phlana seo agus tha mi a' coimhead air adhart, thairis air an ath chòig bliadhna, ri bhith a' faicinn mar a thèid na cothroman a ghabhail a tha air an comharrachadh sa Phlana airson co-obrachaidh, airson adhartas a dhèanamh agus airson iomairtean lèirsinneach a chur an sàs."

Ann a bhith ag ullachadh a' Phlana còig-bliadhna seo, chaidh beachdan a shireadh bho dhaoine, coimhearsnachdan, buidhnean Gàidhlig, buidhnean saor-thoileach, agus ùghdarrasan poblach mar phàirt de cho-chomhairleachadh farsaing a chaidh a chumail. Seo an treas Plana Nàiseanta aig Bòrd na Gàidhlig – am buidheann poblach ris a bheil e an urra a' Ghàidhlig a chur air adhart agus piseach a thoirt air cor a' chàin ann an Alba.

Thuirt Cathraiche Bhòrd na Gàidhlig, Ailean Dòmhnullach: "Leis a' Phlana Cànan Nàiseanta Ghàidhlig airson 2018-2023 thathar ag amas air Gàidhlig a thoirt air adhart air feadh Alba. Tha e gu math freagarrach, agus sinn a' comharrachadh Bliadhna na h-Òigridh andràsta, gu bheil tòrr de na prìomh amasan is geallaidhean ag amas air àrdachadh a thoirt air an àireamh de dhaoine òga a tha ag ionnsachadh is a' cleachdadhs na Gàidhlig."

"Bidh Bòrd na Gàidhlig, le taic bho Riaghaltas na h-Alba agus bho luchd-poilitigs bho gach pártaidh, ag obair còmhla ri luchd-compàirt is coimhearsnachdan air an dùthaich agus sna bailtean gus an cànan a chur air adhart air feadh Alba. Thèid gach cothrom a ghabhail far an urrainn don Ghàidhlig cur ri fàs ann an eaconamaidh na h-Alba tro gnothachas, foghlam, foillseachadh, na h-ealain, litreachas, dràma, na meadhanan agus ceòl. Nì sin cinnteach gun tig a' Ghàidhlig am feabhas sna bliadhnaichean a tha romhainn."

Am measg nam prìomh raointean leasachaidd a bhios ann thairis air an ath chòig bliadhna tha:

lomairtean a bhios a' brosnachadh dhaoine òga gu bhith a' cleachdadhs na Gàidhlig

Bidh a' Ghàidhlig a' cur barrachd luach ri eaconamaidh na h-Alba air feadh dhiofar roinnean


Thèid leudachadh a thoirt air an iarrtas a th' ann airson foghlam Gàidhlig agus air na th' ann de chothroman air foghlam Gàidhlig

Thèid adhartas a dhèanamh le bhith a' trusadh, a' gleidheadh, a' trànanadh agus a'

solarachadh luchd-obrach airson Foghlam tron Ghàidhlig Gàidhlig san teaghlach

Thèid Planaichean Gàidhlig a dhealbh is a chur an gnìomh le buidhnean poblach; agus

A' dèanamh follaiseach luach sòisealta, eaconamach is cultarach na Gàidhlig



Launch of the new National Gaelic Language Plan

The National Gaelic Language Plan 2018-2023 will be available from 3pm on Wednesday 28th March at <http://www.gaidhlig.scot/bord/the-national-gaelic-language-plan/>

The new National Gaelic Language Plan, which sets out the framework for the faster growth of the language across Scotland, has been launched today (Wednesday 28th March) at the Scottish Parliament.

The central purpose of the Plan is to encourage and enable more people to use Gaelic more often and in a wider range of situations. The key messages, aims, priorities and new commitments contained in the Plan all contribute to achieving this increased use of Gaelic. Principal amongst these are the following:

- Gaelic belongs to the whole of Scotland
- Promoting a positive image of Gaelic
- Increasing the learning of Gaelic; and
- Increasing the use of Gaelic

Welcoming the Plan John Swinney, Deputy First Minister and Cabinet Secretary for Education and Skills said "I am very pleased to launch this new National Gaelic Language Plan which reflects Gaelic's unique and important contribution to many areas of Scottish life. It is vital that we have clear agreed priorities and continue to work together to increase the numbers speaking, learning and using the language. I would like to commend Bòrd na Gàidhlig for the work they have done in completing this Plan and I look forward to the opportunities for innovation, co-operation and progress prioritised in the plan over the next five years."


The five-year plan is the result of a comprehensive consultation process with individuals, communities, Gaelic organisations, voluntary organisations, and public authorities. It is the third such plan to be produced by Bòrd na Gàidhlig - the public body with responsibility for the promotion and development of the Gaelic language in Scotland.

Allan MacDonald, Chair of Bòrd na Gàidhlig, said: "The National Gaelic Language Plan 2018-2023 is a plan for the development of Gaelic throughout the whole of Scotland. Appropriately in the Year of Young People, many of the priorities and commitments in the Plan are focused on increasing the number of young people learning and using Gaelic.

"Bòrd na Gàidhlig, with support from the Scottish Government and across the political spectrum, will work closely with partners and communities in rural and urban Scotland to promote the language. The opportunities for Gaelic to contribute to Scotland's economic growth through business, education, publishing, arts, literature, drama, media and music will be pursued and will ensure a positive long-term future for Gaelic."

Amongst the priority areas for the next five years are:

- Initiatives targeting the use of Gaelic by young people
- Increasing the contribution Gaelic makes to the Scottish economy across different sectors
- Increasing the demand and provision for Gaelic education
- Developing Gaelic medium workforce recruitment, retention, training and supply
- Gaelic in the family
- Gaelic Language Plans developed and implemented by public bodies; and
- Promotion of the social, economic and cultural value of Gaelic



A' Chiad Bhoireannach aig stiùir an t-Sabhal Mhòir First Female Principal for Sabhal Mòr Ostaig

Chaidh an Dr Gillian Rothach ainmeachadh an-diugh mar Phrionnsapal ùr Sabhal Mòr Ostaig. Tha Dr Rothach an-dràsta na h-Iar Stiùiriche an Fhoghlaim agus os cionn Rannsachaidh sa Cholaiste. 'S ann fo a stiùir-sa a shoibhchich cho math leis a' Cholaiste tron sgeama Sàr-Rannsachaidh Nàiseanta (Research Excellence Framework) le cuid de na toraidhean aig an ìre as àirde gu h-eadar-nàiseanta.

"Tha sinn air leth toilichte an cothrom seo a thoirt do Gillian," thuirt Aonghas MacLeod, Cathraiche a' Bhòrd-stiùiridh, "Bha sinn a' sireadh, ann am Prionnsapal ùr, cuideigin a bha lèirsinneach, làn spionnaidh agus a bha dealasach, agus tha sinn air na feartan sin uile aithneachadh ann an Gillian a tha cho daingeann a thaobh càraichean a' chànan agus na Colaiste, dìreach mar a bha an fheadhainn a chaidh romhpa".

Fileanta ann an Gàidhlig agus a' Bheurla-Ghallda, leis gun deach a togail san Ear-Thuath, bha ùidh is tuigse riamh aig Gillian ann am buaidh a' chànan air cultar is dùthchas. Le ceum Mhaighstireachd ann an Ceilteis agus PhD ann an Eitneòlas na h-Alba agus Antropeòlas Sòisealta, tha farsainneachd aice a dh'fhàgas gu math ullaichte i a bhith os cionn Ionad Nàiseanta Canan is Cultar na Gàidhlig.

"S ann tron Ridire Iain Nobail a thàinig mise dhan Eilean Sgitheanach sa chiad àite, thuirt an Dr Rothach, "'s mi air mo bheò -ghlacadh leis an lèirsinn agus na h-amasan àrd-mhiannach a bh' aige. Nam bheachd-sa, 's e sin a tha a' fàgail sgioba a tha cho teann, cho comasach is lùthmhòr aig an t-Sabhal Mhòr an-diugh - tha sinn uile a' tarraig air an aon ràmh leis an dearbh amas a bh' aige fhèin - ar cànan a neartachadh anns a h-uile raon is ceàrn. Tha mi làn speis airson cho prìseil is a tha eachdraidh agus cultar nan Gàidheal. Tha mi ga mheas mar urram is tlachd mhòr gu bheil cothrom air a bhith agam a bhith an sàs ann an leasachaidhean ann an saoghal na Gàidhlig bho 1984."

Tha Gillian a' fuireach san Eilean Sgitheanach le a dithis chloinne òg a tha fileanta sa Ghàidhlig cuideachd. Bidh i a' tòiseachadh san dreuchd meadhan an Lùnastail 2018.

Dr Gillian Rothach has been named as the new Principal of Sabhal Mòr Ostaig. Dr Rothach is currently Deputy Director of Studies and Head of Research at the College and it was under her direction that the College achieved success in its submission to the Research Excellence Framework, with many areas of its research being classed as world-leading.

"We are delighted to offer this important role to Gillian", said Angus MacLeod, Chair of the Board of Directors, "We were seeking in a new Principal someone with vision, enthusiasm and a wealth of knowledge, and we have recognised all of these qualities in Gillian. Her genuine commitment to the College and to Gaelic, means that she will be able to continue the excellent work of her predecessors."

Fluent in Gaelic and Scots, having grown up in the North-East, Dr Rothach has always had an empathy with and interest in language and its impact on culture and society. She has a master's degree in Celtic Studies and a PhD in Scottish Ethnology and Social Anthropology, equipping her with a suitable breadth of knowledge to lead the National Centre for Gaelic language and culture.

"It was through Sir Iain Noble that I first came to the Isle of Skye", said Dr Rothach, "I was totally in awe of this visionary man and all the ambition he had for Gaelic. And that is why we have such a strong, capable and committed team at Sabhal Mòr Ostaig; we are all committed to that same aim - of strengthening Gaelic in every area and place. I have total respect for the value of the history and culture of the Gaels. I view it as a real honour to have been involved in Gaelic language development since 1984."

Dr Rothach lives in Skye with her two children who are also fluent Gaelic speakers. She will begin in post, mid-August 2018.



Duais Bàrdachd MacDhòmhnaill Shlèite 2018

Thèid an ceathramh farpais bàrdachd Gàidhlig airson Duais Bàrdachd MacDhòmhnaill Shlèite a chumail am-bliadhna. Chaith an fharpais a chur air chois leis an Ridire Iain MacDhòmhnaill mar chuimhneachan air a nighinn, Deborah, a dh' eug aig aois glè òg. Bidh an fharpais air a ruith a-rithist le Ionad Nàiseanta na Gàidhlig, Sabhal Mòr Ostaig, anns an Eilean Sgitheanach.

'S e bàrdachd air cuspair co-cheangailte ri craobhan a thathar a' sìreadh agus thathar a' toirt fiathachadh do neach sam bith a bhios ri bàrdachd no aig am biodh ùidh na leithid dàn a sgrìobhadh mu dheidhinn Freumhan/Freumhaichean. Thèid na dàin am meas le pannal de luchd-litreachais agus bidh duais de £500 air a thoirt seachad airson an dàin a thèid a thaghadh leis a' phannal. Feumaidh dàin a bhith air an cur gu Cairistiona NicCoinnich, Rùnaire a' Phrionnsapail, aig an t-seòladh post-d a leanas ro 4mh an t-Ògmhios: runaire@smo.uhi.ac.uk Cuimhnichibh nach urrainn do neach a bha soirbheachail roimhe cur a-steach air a shon a-rithist.

Thuirt an Ridire Iain MacDhòmhnaill 'Tha an fharpais seo na dhòigh iomchaidh air na ceanglaichean teaghlach leis a' chànan is a' chultar a thogail agus air cur ri dualchas bàrdachd na Gàidhlig agus a' chinnidh. Tha cuspair na bliadhna seo a' toirt cothroim do bhàird togail air eachdraidh is gnè ar dualchais is ar cultair.'

Thuirt Prionnsapal an t-Sabhal Mhòir, an t-Oll Boyd Robasdan, 'Tha e math gu bheil an cothrom seo aig bàird is bana-bhàird na Gàidhlig gach bliadhna an sgilean a chur an sàs agus a thoirt am follais. Tha e na thogail gu bheilear air mu fhichead dàn fhaotainn airson na farpais gach bliadhna agus bidh sinn an dòchas gun cuir a cheart uimhir no barrachd peann ri pàipear no corrag ri meur-chlàr am-bliadhna.'

Thèid na duaisean a thoirt seachad aig Ionad Chlann Dhòmhnaill air Disathairne 29 Sultain 2018.

The Macdonald of Sleat Poetry Prize 2018


The fourth Gaelic poetry competition for 'The Macdonald of Sleat' Poetry Prize will be held this year. The annual competition was inaugurated by Sir Ian Macdonald in memory of his daughter, Deborah, who passed away at an early age. The competition will be run once again by Sabhal Mòr Ostaig, the National Centre for Gaelic Language and Culture, on the Isle of Skye.

The theme of the competition each year relates to trees and this year an invitation is extended to anyone who writes poetry or has an interest in doing so to compose a poem on the subject, roots. The poems submitted will be considered by a literary panel and a prize of £500 will be awarded for the poem chosen by the panel. Poems should be submitted to Christine Mackenzie, PA to the Principal, at the following e-mail address by 4 June 2018: runaire@smo.uhi.ac.uk Anyone who has previously been successful in this competition is not permitted to re-enter.

Sir Ian Macdonald commented 'This competition is an appropriate way of building on the family's links to the language and culture and of adding to the Gaelic bardic heritage and that of the clan. The theme of this year's competition affords poets an opportunity to reflect on the history and nature of our culture and heritage.'

Sabhal Mòr Principal, Professor Boyd Robertson, added; It is good that Gaelic bards and bardesses have this opportunity each year to demonstrate their art and bring it into the public domain. It is heartening that around twenty poems have been submitted each year and we hope that as many, if not more, will put pen to paper or digit to keyboard this year.'

The winner will be announced at a prize giving event at the Clan Donald Centre on Saturday 29 September 2018.



Cathraiche ChnaG a' tadhail air Sgoiltean Lionacleit & Barraigh

Thadhal Iain MacAmhlaigh, Cathraiche Chomunn na Gàidhlig (CnaG) air Màiri Anna Chaimbeul, Oifigear Leasachaidd ChnaG an Uibhist a-Deas is Èirisgeigh ann an Sgoil Lionacleit o chionn ghoirid far na choinnich iad ri luchd-teagaisg an Ròinn na Gàidhlig, Alice Parkin agus Sine NicEachainn.

Bha Iain a' tadhail gus cluinntinn mun obair leasachaidd a' dol air adhart mun cuairt na sgoile far am bheil oifigear ChnaG ag obair gu dlùth le Ròinn na Gàidhlig, agus luchd-teagaisg eile san sgoil. Tha dreuchd Mhàiri Anna, a tha pàighe le Bòrd na Gàidhlig agus Comhairle nan Eilean Siar, stèidhete gus cothromana a chruthachadh don òigridh an cuid Gàidhlig a cleachdadha taobh a-muigh seòmraichean clas na sgoile, gus misneachd a thoirt dhaibh a cleachdadha am measg an co-aoisean ann an suidheachaidhean neo-fhoirmeil. Tha seo air a dhèanamh le prògram farsaing de chur-seachadan.

A thuilleadh air coinneachadh le cuid a luchd-teagasg, agus ri Gordon Young, Ceannard na sgoile, choinnich Iain ris an òigridh far an robh e gan ceasnachadh, faic dè na cur-seachadan sa Ghàidhlig a b' fheàrr leotha, agus ghabh e pàirt ann an seisean trèanaidh ball-coise a bha Mairi Anna a' cumail le sgioba ball-coise nan nigheanan.



Gu h-iosal: Iain MacAmhlaigh, Cathraiche Chomunn na Gàidhlig (CnaG) agus Aonghas MacIlleathain, Oifigear Leasachaidd ChnaG am Barraigh a' coinneachadh le Suzanne Forman, Ceannard Sgoil Coimhearsnachd Bhagh a' Chaisteil gus bruidhinn mun obair leasachaidd a tha a' dol air adhart mun cuairt na sgoile.



Tachartas an Dùn Èideann

Bidh Club Figue Gàidhlig a' coinneachadh air Diciadain, 3.30f – 4.30f, Bun-sgoil Taobh na Pàirce, Dùn Èideann. 'S e Club Figue tro mheadhan na Gàidhlig a tha seo agus bidh fàilte air an dà chuid fileantaich agus luchd-ionnsachaidd de gach ire! Mas e fuagheal no obair-ghreis 's fheàrr leat, thoir sin leat cuideachd. Bidh failte romhaibh uile!

CnaG Chairman Visits Lionacleit & Barra Schools

Iain Macaulay, Chairman of Comunn na Gàidhlig (CnaG) recently met with Mary Ann Campbell, CnaG Gaelic Development Officer for South Uist and Eriskay, at Sgoil Lionacleit where they met with teachers Alice Parkin and Jean MacEachen from the Gaelic Department.

Iain was keen to learn about the development work going on in the school, where Mary Ann works closely with the Gaelic Department and other teachers to provide opportunities for Gaelic to grow in the school. Mary Ann's post, which is funded by Bòrd na Gàidhlig and Comhairle nan Eilean Siar, provides support for young people going through Gaelic-medium education by creating opportunities for them to use the language out with the classroom, helping them increase confidence using the language with their peers in informal settings. This is done through a programme of wide-ranging activities which include arts & crafts, social media and sport.

As well as meeting with teachers and Headteacher Gordon Young, Iain also met with some of the pupils who take part in some of these activities, where he discussed their favorite activities with them. He also took part in a football training session where Mary Ann was delivering, in Gaelic, to the girls' football team.

Below: Iain Macaulay, Chairman of Comunn na Gàidhlig (CnaG) and Aonghas Maclean, Barra-based CnaG Gaelic Development Officer meet with Suzanne Forman, Headteacher at Castlebay Community School to discuss Gaelic development work going on around the school.

Gaelic Knitting Club meets on a Wednesday, 3.30pm – 4.30pm, Bun-sgoil Taobh na Pàirce, Edinburgh. This Club is for fluent speakers and learners at all stages! If you prefer sewing or embroidery, please bring it with you. All welcome!

For information contact Ann McCluskey at: ann@cnag.org

Cuach na Cloinne 2018

A' leantainn soirbheachadh Cuach na Cloinne thairis nam bliadhnaagan agus gu sònraichte cho math sa dh' obraich Cuach na Cloinne 2017, tha Comunn na Gàidhlig (CnaG) a-nis ag ullachadh airson Cuach na Cloinne 2018.

Tha am farpais ball-coise, (5 air gach taobh) airson clann sa bhun -sgoil, clasaichean 4-7, balaich agus clann-nighean, aig am bheil Gàidhlig. Aig an ìre seo, tha sinn airson fiosrachadh fhaighinn air na sgoiltean a tha airson pàirt a ghabhail san fharpais. Tha sinn mothachail gu bheil cuid a sgoiltean le àireamhan cho i seal agus nach tig aca air sgioba a chuir ri chèile, agus air sgàth sin, tha sinn gu math toilichte gun tigeadh sgoiltean ri chèile airson sgiobaidhean a chuir a-staigh. Cuideachd, tha sinn toilichte clann fo-clas 4 fhaicinn ma tha feum air an sin. Tha sinn an dùil cumail ris an aon chruth air an fharpais, le sia farpaisean roinneil air an cumail leis na sgiobannan a ghleidheas na farpaisean roinneil, a' dol troimhe gu Cuairtean Deireannach.

Tha sinn an dùil farpaisean roinneil a chumail an Leòdhais, Dalabrog/Lionacleit, Port Rìgh, Inbhir Nis, An Gearasdan agus Glaschu. Thèid na Cuairtean Deireannach an cumail air Dimàirt 29 Cèitean, an Inbhir Nis aig Pàirce Bhught.

'S iad seo na cinn-latha airson na farpaisean roinneil:

- Diardaoin 3/05/18 - Pàirce Ioma-aimsir, Steòrnabhagh/Ionad Cur-seachadan a' Bhac
- Diardaoin 3/05/18 - Bun-sgoil Dhalabroig/Sgoil Lionacleit
- Dihaoine 4/05/18 - Àrd-sgoil Phort Rìgh, An t-Eilean Sgitheanach
- Dimàrt 8/05/18 - Pàirce Bhught, Inbhir Nis
- Diciadain 9/05/18 - Bun-sgoil Ghàidhlig Loch Abair, An Gearasdan
- Diardaoin 10/05/18 - Ionad Ball Coise Glasgow Green, Glaschu

Tòisichidh na farpaisean uile aig 10.30m agus tha sinn a' sùileachadh gum bidh iad deiseil mu leth-uair an dèidh mheadhan-là, a rèir àireamh sgiobannan.

Tha Cuach na Cloinne 2018 air a mhaoineachadh le Bòrd na Gàidhlig, Comhairle na Gàidhealtachd agus Comhairle nan Eilean Siar agus air a stiùireadh le Comunn na Gàidhlig

Airson tuilleadh fiosrachadh: calumiain@cnag.org



Cuach na Cloinne 2018

Following the success of Cuach na Cloinne over the past few years, and particularly the very positive feedback on Cuach na Cloinne 2017, Comunn na Gàidhlig (CnaG) has now started preparations for Cuach na Cloinne 2018.

The football competition (5 a-sides) is for Gaelic-speaking primary school children, classes 4-7. At this stage, we want to hear back which schools wish to participate in the competition. We would be delighted for schools, which would be unable to enter a team because of small school rolls, to come together with other small schools, to enter the competition. We also welcome pupils from the lower classes if this is necessary. We intend to continue with the same format where we have six regional competitions with the winners of the six regional competitions progressing to the Finals.

We propose having regional competitions in Stornoway/Back, Daliburgh/Liniclate, Portree, Inverness, Fort William and Glasgow. The Finals will be held on Tuesday 29 May at Bught Park, Inverness.

The proposed dates for the regional competitions are as follows:

- Thursday 3/05/18 - All-weather pitches, Smith Avenue, Stornoway / Back Recreation Centre
- Thursday 3/05/18 - Bun-sgoil Dhalabroig/Sgoil Lionacleit
- Friday 4/05/18 - Portree High School, Skye
- Tuesday 8/05/18 - Bught Park, Inverness
- Wednesday 9/05/18 - Bun-sgoil Ghàidhlig Loch Abair, Fort William
- Thursday 10/05/18 - Glasgow Green Football Centre, Glasgow

The competitions will all start at 10.30am and should be completed by around 12.30 depending on the number of teams participating.

With regard to competition rules, the teams will comprise of five players, boys or/and girls, and up to 2 substitutes. The competition will be held entirely in Gaelic and it is vital that all participants have Gaelic. CnaG representatives will speak to all participants prior to the start of the competitions to ensure all the children in the teams have Gaelic. All teams must be accompanied by at least one Gaelic-speaking adult.

Cuach na Cloinne is funded by Bòrd na Gàidhlig, Highland Council, Comhairle nan Eilean Siar (Western Isles Council) and is managed by Comunn na Gàidhlig.

For further information please contact: calumiain@cnag.org



FARPAIS SGRÌOBHAIDH ÙR MAR CHUIMHNEACHAN AIR NIAMH NICEANRAIG


"DIÒMHAIREACHD"
"MYSTERY"

SGRÌOBH SGEULACHD GHÀIDHLIG GHOIRID 1500-2000 A DH' FHAID
AIR A' CHUSPAIR DIÒMHAIREACHD.

FOSGAILTE DO DH' OILEANAICH ANN AN COLAISTE NO
OILTHIGH SAM BITH ANN AN ALBA

IARRTASAN GU:
RUNAIRE@SMO.UHI.AC.UK RO 30.04.18

£200, AGUS DUAIM GLAINNNE AIR A THOIRT SEACHAD
LE TEAGHLACH NIAMH



Fòram-leughaidh Ùr

Mar chomharra air 50 bliadhna de thaic agus leasachadh airson litreachas na Gàidhlig, tha Comhairle nan Leabhraichean air fòrum-leughaidh ùr a chruthachadh air-loidhne:
forum.gaelicbooks.org

Tha sinn airson cothrom a thoirt do leughadairean Gàidhlig aig gach iùre anns a h-uile sgìre pàirt a ghabhail ann an coimhearsnachd-leughaidh. Mar phàirt den fhòram, bidh sinn a' ruith club-leabhraichean air-loidhne agus bidh cothrom ann caraidean-leughaidh a lorg, molaidean fhaighinn agus lèirmheasan fhàgail.

Tha na beachdan agaibh air leth cudromach dhuinn - ma tha dad sam bith a tha sibh airson fhaicinn air an fhòram, nach leig sibh fios thugainn agus nì sinn ar dìcheall a chur ris!

New Reading Forum

To mark 50 years of support and promotion of Gaelic literature, the Gaelic Books Council has created a new online reading forum: forum.gaelicbooks.org

We want to give Gaelic readers at all levels and in all locations the opportunity to be part of a reading community. Through the forum, we will be running an online book club and users will have the opportunity to find 'reading buddies', get recommendations and leave reviews.

Your opinions on the forum are very important to us - if there's anything you'd like to see, please let us know and we'll do our best to add it!

Fòram-leughaidh Gàidhlig Ùr New Gaelic Reading Forum



Co-fharpais Oidhche nan Leabhaircian

Mar phàirt den a' bhliadhna shònraichte againn, tha sinn a' ruith co-fharpais airson iùl-leabhaircian sònraichte a dhealbhadh, a tha a' rìochdachadh a' chuspair 'Leugh Leabhar'.

Tha a' cho-fharpais seo fosgailte do bhun-sgoilearan ann an Clas 1-7 agus bidh trì roinnean-aois ann: Clas 1-3, Clas 4-5 agus Clas 6-7.

Dè an leabhar Gàidhlig is fheàrr leat? A bheil e a' còrdadh riut a bhith a' leughadh anns a' Ghàidhlig? A bheil caractar, àite no còmhach sònraichte ann an leabhar Gàidhlig a chòrd riut? Tha sinn airson 's gum bi sgoilearan cruthachail leis na dealbhan aca!

Thèid na h-iùl-leabhaircian a bhuannaicheas a dhèanamh an-aìrd le buidheann-dealbhaidh proifeasantair airson Oidhche nan Leabhaircian (23 Giblean), agus thèid an cleachdad aig tachartasan agus taisbeanaidhean tron a' bhliadhna shònraichte seo. Gheibh na sgoilearean a nì na dealbhan a bhuanneachas àirleas-leabhair luach £20 cuideachd.

Cuiribh na dealbhan (le ainm/aois/sgoil orra) ro **Dhiluain 16 Giblean** gu:

**Shelagh Chaimbeul, Oifigear Reic is Margaidheachd Comhairle nan Leabhaircian
32 Sràid Achadh a' Mhansa Glaschu G11 5QP**

no gu h-eileagtronaigeach gu shelagh@gaelicbooks.org

Tha sinn a' dèanamh fiughair ri na dealbhan agaibh fhaicinn!

World Book Night Competition

As part of our special anniversary year, we are running a competition to design special bookmarks on the subject of 'Leugh Leabhar' (Read a Gaelic Book).

This competition is open to Gaelic-medium pupils in P1-P7 and there will be three age categories: P1-3, P4-5 and P6-7.

What's your favourite Gaelic book? What do you like about reading in Gaelic? Is there a particular character, place or cover from a Gaelic book that you like? We'd love pupils to be creative with their designs!


The winning bookmarks will be produced by a professional design company in time for World Book Night (23rd April), and they will be used at events and exhibitions throughout this anniversary year. The pupils whose designs are chosen will also win a £20 book voucher.

Please send entries (including the pupil's name, age and school) by Monday 16th April to:

**Shelagh Campbell, Sales & Marketing Officer
Comhairle nan Leabhaircian
32 Mansfield Street
Glasgow G11 5QP**

or by email to shelagh@gaelicbooks.org

We're looking forward to seeing your designs!





Leabhraichean Chloinne Ùr Rim Faighinn aig Acair!

Tha naoi leabhraichean chloinne ùr a-nis rim faighinn aig Acair!

Tha na leabhraichean seo freagarrach do chloinne òg a tha dìreach air tòiseachadh Gàidhlig ionnsachadh. Bho bhratach 'Bookbug Baby' tha 'Fior Chiad Leabhar Dubh agus Geal Aghaidhean', 'Giog Ort san Dlùth-Choille' agus 'Ma tha thu Sona 's air do Dhòigh...'.

Bho bhratach 'Bookbug Toddler' tha 'Lùb agus Lorg Tuathanaich', 'Bus Maisy', agus 'Seo Mar a Nigheas Tu Dineasair Beag'. Airson clann a tha a-nis air tòiseachadh a' leughadh tha 'Ceann-Fionn', 'An e Ailbhean tha Siud na mo Frids', agus 'Tagh Fhèin'.

Abair gu bheil taghadh math an seo, agus tha iad uile a-nis rim faighinn tro làrach-lìn Acair!








New Children's Books Available at Acair!

Acair have nine new Gaelic books available!

These books are suitable for young children who are just beginning to learn Gaelic. Under the banner of 'Bookbug Baby', we have 'Fior Chiad Leabhar Dubh agus Geal Aghaidhean', 'Giog Ort san Dlùth-Choille' and 'Ma tha thu Sona 's air do Dhòigh...'.

We also have, under the banner of 'Bookbug Toddler', 'Lùb agus Lorg Tuathanaich', 'Bus Maisy', and 'Seo Mar a Nigheas Tu Dineasair Beag'. For children who have started reading, we have 'Ceann-Fionn'.

A great selection of books which are available via the Acair website!





Cèilidh/Dance
TRAIL WEST

*Isobel Ann Martin
Iain MacIver*

*Hannah Knight
Claire MacLeod*

*Tarbert Community Centre
Friday 27th April @8.00 p.m.
Doors open 7.30 p.m.
Licensed Bar*

Please note; This event is partially seated

Tickets £10 Adult, £7 under 12s

Family of four (2 adults, 2 U12s) £30

**Available at The Harris Hotel, Brownie's Newsagents
and Tarbert Post Office.**

**Pre booked tickets must be collected before 5.00 p.m. on the day of
the event.**



LearnGaelic.Scot/little

Tha sinne aig LearnGaelic.Scot gu math taingeil airson a' chothroim Oisean Luchd-ionnsachaidh a sgriobhadh dhan Chomann Ghàidhealach gach mìos. An seo, innsidh sinn dhuibh dè tha ùr do luchd-ionnsachaidh na Gàidhlig. Bheir sinn seanfhaclan, abairtean is faclan feumail dhuibh. A bharrachd air an seo, bheir sinn sùil air leasan no dhà do luchd-tòiseachaidh.

We at LearnGaelic.Scot are really grateful to An Comunn Gàidhealach for the opportunity to write this monthly Learners' Corner. Each month, we'll tell you what's new for Gaelic learners. We'll give you proverbs, phrases and vital vocab. In addition to that we'll take a look at a lesson or two for new beginners.

Tha LearnGaelic air a bhith ag obair còmhla ri companaidh bhidio air goireasan Gàidhlig ùra. Tha sinn air *test shoot* a dhèanamh agus tha sinn gu bhith ag obair còmhla ri Sgoilealain Ghlaschu agus luchd-ionnsachaidh air co-dhealbhachadh. Feumaidh sinn 30 inbheach a lorg a tha a' fuireach ann an, no faisg air, Glaschu agus a bhiodh saor airson uair a thìde no dhà air an fheasgar anns a' Ghiblean. Tha sinn a' sireadh 15 luchdtòiseachaidh airson sùil a thoirt air bhidio no dhà mu fhuaimneachadh agus 15 daoine aig a bheil beagan Gàidhlig a bhiodh déonach sùil a thoirt air bhidio a tha ag amas air mearachdan cumanta a nì luchd-ionnsachaidh a cheartachadh. Ma bhios tu deiseil is deònach agus ma tha e furasta dhut siubhail a Ghlaschu, cuir post-d gu mairi@learngaelic.scot. 'S e miann LearnGaelic gum bi beachdan an luchd-ionnsachaidh aig cridhe gach goireas.

A bheil thu measail air sgeulachdan? Ma tha ùidh agad ann am beul-aithris agus uirsgeulan, cuimhnich gu bheil stòiridhean againne ann am pailteas ann an Litir do Luchd-ionnsachaidh agus An Litir Bheag. Tha earrannan 'beul-aithris' sònraichte anna, far a bheil tòrr sgeulachdan mu ghaisgich, sìthichean is creatairean annasach.

Ma tha a' Ghàidhlig agad aig ìre adhartach, feuch air Litir do Luchd-ionnsachaidh. Tha faidhle-fuaim, tar-

LearnGaelic has been working with a video production company on new resources. We have done a test shoot and are going to be working with the Glasgow School of Art and Gaelic learners on co-design. We need 30 adults who live in or near Glasgow who are available for an hour or two on an evening in April. We are looking for 15 absolute beginners to watch a couple of videos on pronunciation and another 15 people with some Gaelic who would be willing to look over a video which aims to fix common mistakes made by learners. If you are interested in taking part and you can travel to Glasgow, please email us at mairi@learngaelic.scot. LearnGaelic intend to put learner feedback at the heart of every resource.

Do you like stories? If you like folklore and legends, remember that we have plenty of stories in Litir do Luchd-ionnsachaidh and An Litir Bheag. There are specific 'folklore' sections, where we have lots of stories about heroism, fairies and strange creatures.

If your Gaelic is more advanced, try Litir do Luchd-ionnsachaidh. There is audio, a transcription, words and

sgrìobhadh, faclan is abairtean agus puingean-cànan anns gach litir.

Ma tha sin ro eagalach dhut, cuimhnich gu bheil gach sgeulachd cuideachd ri faotainn anns An Litir Bheag. Tha na sgeulachdan uile ann, ach tha a' Ghàidhlig nas fhasa agus tha faidhle-fuaim, tar-sgrìobhadh Gàidhlig agus eadar-theangachadh slàn ann cuideachd.

phrases and language points in every letter.

If that is too daunting for you, remember that we also have each story available in An Litir Bheag. The stories are all there, but the Gaelic is easier and there is audio, a Gaelic transcription and there is a full translation too.

**gheibh cearc an sgrìobain rudeigin,
chan fhaigh cearc a' chrùbain dad idir**



LearnGaelic.Scot

Learn
Gaelic

Gnàthasan-cainnt na mìosa / Phrases of the month**GHEIBH CEARC AN SGRÌOBAIN RUDEIGIN, CHAN FHAIGH CEARC A' CHRÙBAIN DAD IDIR**

pronunciation: bit.ly/14heMbSThis literally translates as 'the scratching hen will get something, but the crouching hen will get nothing at all', which is a very descriptive way of saying 'no pain no gain'.

TAOMADH NA MARA LE CLIABH

pronunciation: bit.ly/1xNK9bo

This literally translates as 'bailing the sea with a creel', but means 'searching for a needle in a haystack'.

OBAIR AN FHIGHEADAIR

pronunciation: bit.ly/1SrGGtr

The literal translation of this is 'the weaver's work' which is a really descriptive way of describing 'cobwebs'.

obair an fhigheadair



Goireasan do Luchd-tòiseachaidh / Resources for Beginners
(learngaelic.scot/beginners)

bainne



LearnGaelic.Scot/beginnerscourse



Tha sinn air a bhith a' coimhead air biadh / This week, we have been looking at the “food basics”.

Let's kick off with some vital vocab!

bread – **aran**

<http://learnngaelic.scot/dictionary/index.jsp?abairt=bread%20&slang=both&wholeword=false>

water – **uisge**

<http://learngaelic.scot/dictionary/index.jsp?abairt=water%20&slang=both&wholeword=false>

milk - **bainne**

<http://learngaelic.scot/dictionary/index.jsp?abairt=bainne&slang=both&wholeword=false>

Why not take a look at Unit 13 of the Beginners' course?

<http://learngaelic.scot/lg-beginners/jslessons/index.jsp?lesson=13>

If you want to explore the same topic in other resources you can try episode 29 of Speaking our Language, titled “Ordering Food”.

<http://learngaelic.scot/sol/episodes/29/index.jsp>

We have all the clips from the episode and a worksheet online. Watch the videos and learn how to order food in Gaelic.

Little by Little's unit 12 on eating and drinking will help consolidate your learning too. <http://learngaelic.scot/beginners/beagairbheag/unit12/index.jsp>



[LearnGaelic.Scot/litir](http://learngaelic.scot/litir)

[Goireasan ann an Cleachd
Gàidhlig](#)

learngaelic.scot/usegaelic

Seo an earrann a th' againne airson daoine a tha seachad air ìre 'neach-tòiseachaidh'. Gheibh thu goireasan airson na sgilean agad a leasachadh.

[Resources in Use Gaelic](#)
learngaelic.scot/usegaelic

This is our 'post-beginner' section with resources to develop your Gaelic skills.

[Litir do Luchd-ionnsachaidh:](#) BBC

Litir do Luchd-ionnsachaidh: Litir sheachdaineach do luchd-ionnsachaidh na Gàidhlig bho BBC Radio nan Gàidheal le faidhle-fuaime, tar-sgrìobhadh agus mìneachadh

[Litir 972](#) - Bha na Ceiltich fo ionnsaigh nan Ròmanach!

[Litir 973](#) - Ghluais Breatannaich don Bhreatainn Bhig. Leugh tuilleadh ann an Litir do Luchd-ionnsachaidh 973

[Litir 974](#) - Càit an robh an rìoghachd Cheilteach Rheged?

[Litir 975](#) - Barrachd fiosrachaiddh mun rìoghachd Cheilteach Rheged agus an rìgh Urien.

An Litir Bheag: Litir sheachdaineach do luchd-ionnsachaidh bho BBC Radio nan Gàidheal le faidhle-fuaim, tar-sgrìobhadh agus eadar-theangachadh

[Litir Bheag 668](#) - Bha na Ceiltich fo ionnsaigh nan Ròmanach!

[Litir Bheag 669](#) - Ghluais Breatannaich don Bhreatainn Bhig.

[Litir Bheag 670](#) - Càit an robh an rìoghachd Cheilteach Rheged?

[Litir Bheag 671](#) - Barrachd fiosrachaiddh mun rìoghachd Cheilteach Rheged agus an rìgh Urien.

Litir do Luchd-ionnsachaidh: BBC Radio nan Gàidheal's weekly letter to Gaelic learners with audio, transcription and explanations

[Letter 972](#) - The Celts were under Roman attack!

[Letter 973](#) - Britons moved to Brittany. Read more in Litir do Luchd-ionnsachaidh 973

[Letter 974](#) - Where was the Celtic kingdom Rheged?

[Litir 975](#) - More information about the Celtic kingdom Rheged and the king Urien.

An Litir Bheag: BBC Radio nan Gàidheal's weekly letter to Gaelic learners with audio, transcription and translation

[Little Letter 668](#) - The Celts were under Roman attack!

[Little Letter 669](#) - Britons moved to Brittany.

[Little Letter 670](#) - Where was the Celtic kingdom Rheged?

[Little Letter 671](#) - More information about the Celtic kingdom Rheged and the king Urien.

Coimhead Gàidhlig: Bhidothan
ùra le teacsa Gàidhlig, teacsa
Beurla is faclan feumail

'Alaska san àmhainn' aig Màiri

Leabhar a leugh Josie san àrd-
sgoilEilean nan Caorach

A' cumail taigh blàth

Na bonaich bheaga *Yorkshire* aig
Seonag Nic a' Ghobhainn

Sgeulachdan draoidheil

Caisteal Sheumais MhicMathain

Obair phìoba sa chidsin

Watch Gaelic: New videos with Gaelic
text, English text and vital vocab

Màiri's baked alaska

A book that Josie read in high school
The Island of the Sheep – Falkland
Isles

Keeping a house warm

Seonag Smith's Mini Yorkshire
Puddings

Stories of magic

James Matheson's Castle

Pipework in the kitchen

co-fhad-thràth an earraich



LearnGaelic.Scot

Ma tha sibh air Facebook, bidh sinn a' postadh gach latha air facebook.com/LearnGaelic. Tha sinn cuideachd air Twitter aig [@LearnGaelicScot](https://twitter.com/LearnGaelicScot) agus Instagram (<https://www.instagram.com/learngaelic/>). Trobhadaibh is canaibh halò rinn ☺

If you are on Facebook, we post every day at facebook.com/LearnGaelic. We are also on Twitter at [@LearnGaelicScot](https://twitter.com/LearnGaelicScot) and Instagram (<https://www.instagram.com/learngaelic/>). Drop by and say hi ☺



Care for a Cèilidh

‘S e sgeama sònraichte a th’ ann an “Care for a Cèilidh” far am bidh seinneadairean Gàidhlig agus luchd-ciùil traidiseanta a’ cumail cèilidhean ann an taighean-cùram eadar-dhealaichte. Chìthean gu h-iosal measgachadh de dhealbhan bho feadhainn de na cèilidhean mu dheireadh a chaidh a chumail le “Care for a Cèilidh”. Taing mhòr dhuibh uile.

"Care for a ceilidh" is a scheme for Gaelic singers and traditional musicians to provide short concerts to residents of hospices and care homes. Below are a selection of photographs taken at the most recent "Care for a Cèilidh" events. Thanks to everyone who took part.

<https://www.facebook.com/CareForACeilidh>



'Dealbhan Fraoich'
Diluain 2 Giblean aig 8.30f air BBC Alba

Tha Fraoch Nic an Deòir a ìle a' tilleadh thugainn le sreath ùr de "Dhealbhan Fraoich". An dà chuid a'dèanamh dealbh agus a' cur cheist, tha i a' cruthachadh samhailean ann an dubh 's geal de Ghàidheil air a bheil iomadh neach eòlach – agus a'tàladh bhuapa eachdraidh am beatha aig a'cheart àm!

'Sa phrògram seo tha Fraoch a'dol a Mhule a choinneachadh ri Seònaid Dhòmhnnallach, a b' àbhaist a bhi a' teagasc matamataig. 'S e Stiùiriche a' Mhòd Nàiseanta Rioghail a bh' innte cuideachd gus an leig i dhith an dreuchd sin an-uiridh. Ged a tha Seònaid air an dreuchd sin a leigeil dhith, tha i trang gun sgur ag obair anns a'choimhersnachd. Choisinn a dìlseachd do chànan is cultur nan Gàidheal dhì duais Tosgaire Gàidhlig na Bliadhna aig Mòd Nàiseanta Rioghail 2017.

'Dealbhan Fraoich'
Monday 2 April at 8.30pm on BBC Alba

Islay-born Heather Dewar returns to our screens with the second series of "Dealbhan Fraoich". Combining the role of artist and interviewer, she creates charcoal portraits of well-known Gaels – while teasing out of them every little detail of their life story!

In this programme, Heather travels to Mull where she meets former maths teacher and former Royal National Mod Director, Janet MacDonald. Although now retired from both positions, Janet's work in the community keeps her extremely busy. Her dedication to the Gaelic language and culture earned her the Gaelic Ambassador of the Year award at the Royal National Mod in 2017.



CALEDONIA TV

Ceumannan: Faclair Mòr App

Stòrlann, in collaboration with Sealgar IT Ltd, have produced a searchable phrasebook app for use in conjunction with the Ceumannan Gaelic learners' course for secondary schools. The 'Faclair Mòr' app contains over 3 200 audio files from the book series and it is hoped pupils using the course will find the app useful as they get to grips with Gaelic.

The app is available now on Google Play and the App Store where you will also find the 'Faclair na Sgoile' app, a Gaelic dictionary for schools.



www.storlann.co.uk/ceumannan



Lorg obair ùr ann an saoghal na Gàidhlig le Obraichean Gàidhlig

Find a new job in the world of Gaelic with Obraichean Gàidhlig

Tadhail air / Visit: www.obraichean.co.uk

Obraichean
Gàidhlig



An Comunn Gàidhealach

Oifis Steòrnabhaigh

Aonad 7a
Sràid Sheumais
Steòrnabhagh
Eilean Leòdhais
HS1 2QN
Fòn: 01851 703487
Post-d: peigi@ancomunn.co.uk

Stornoway Office

Unit 7a
James Street
Stornoway
Isle of Lewis
HS1 2QN
Phone: 01851 703487
E-mail: peigi@ancomunn.co.uk

Oifis Inbhir Nis

Taigh Bhail an Athain
40 Sràid Hunndaidh
Inbhir Nis
IV3 5HR
Fòn: 01463 709705
Post-d: seonag@ancomunn.co.uk

Inverness Office

Balnain House
40 Huntly Street
Inverness
IV3 5HR
Phone: 01463 709705.
E-mail: seonag@ancomunn.co.uk



Ma tha sibh airson naidheachd no fiosrachadh a chur dhan ath iris den chuairt-litir, cuiribh fios thugainn.

If you would like to contribute anything to one of our future newsletters, please get in touch.

marina@ancomunn.co.uk

01851 703487

www.ancomunn.co.uk

